

Maoin Teaghlaich Euslainteach Òga Teirmichean is Cumhaichean

**(Maoin Chosgaisean Ùr-bhreith a bh' ann
roimhe)**

Am Màrt 2022



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

**Maoin Teaghlaich Euslainteach Òga
(*Young Patients Family Fund, YPPF*)**

Am Màrt 2022

Deit Foillseachaidh: Am Màrt 2022
Air ullachadh le: Riaghaltas na h-Alba
Eagran: 2

Clàr-innse

1 Mu dheidhinn na sgrìobhainn seo	3
2 Beag-fhaclair de phrìomh theirmean – Mìneachaidhean	3
3 Ro-ràdh	3
4 Prionnsabalan	3
5 Cò a dh'fhaodas cosgaisean iarraidh	4
6 Cò nach fhaod cosgaisean iarraidh	4
7 Dè na cosgaisean as urrainnear iarraidh	5
8 Dè na cosgaisean nach urrainnear iarraidh	6
9 Suidheachaidhean fìor neo-àbhaisteach	6
10 A' cur a-steach iarrtas	7
11 Ceistean agus Gearanan	7

1. Mu dheidhinn na sgrìobhainn seo

Ann an sgrìobhainn seo tha na teirmichean is cumhaichean airson a bhith ag iarraidh chosgaisean bhon Mhaoin Teaghlaich Euslainteach Òga (YPPF) bho 26 Iuchar 2021. Tha an sgrìobhainn seo airson luchd-obrach NHS a tha a' dèanamh obair a bhuineas don mhaoin (me luchd-obrach ionmhais, luchd-obrach aonad ùr-bhreith, luchd-obrach air uàrdan leigheas-chloinne, luchd-obrach air uàrdan inbheach a' toirt cùram do dh'euslaintich òga fo aois 18) agus buill den phoball a tha airson iarrtas a dhèanamh bhon mhaoin.

Tha e ag innse mion-fhiosrachadh mun YPPF. Bu chòir don fheadhainn a tha a' rianachd na maoine agus an fheadhainn a tha ag iarraidh pàigheadh bhuaipe, eòlas a chur air an sgrìobhainn seo gus dèanamh cinnteach gun tèid iarrtasan a dhèanamh taobh a-staigh crìochan na Maoine.

2. Beag-fhaclair de phrìomh theirmean – Mìneachaidhean

Euslainteach Òg ospadail – naoidhean, pàiste no neach òg suas gu aois 18 a thèid a-steach do leabaidh fo chùram luchd-obrach ann an ospadal (aon chuid roghnach no mar chùis èiginn) agus: a' fuireach fad oidhche ge bith dè an t-adhbhar; no ris a bheil dùil gum fuirich iad tron oidhche ach gun tèid an leigeil a-mach nas tràithe.

Neach-iarrtais – Neach sam bith a tha airson iarrtas a dhèanamh bhon mhaoin.

Naoidhean/pàiste/neach òg suas gu 18 bliadhna a dh'aois – Naoidhean, pàiste no neach òg airidh ann an cùram ospadail a-staigh a' faighinn leigheas.

Neach-tadhail airidh – neach-tadhail air euslainteach òg a tha airidh air iarrtas bhon Mhaoin Teaghlaich Euslainteach Òga. Sin, pàrant/prìomh neach-cùraim no bràthair/piuthar fo aois 18 a tha gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh ann an Alba.

Pàrant/prìomh neach-cùraim – pàrant bith-eòlasach don euslainteach òg, no cuideigin nach eil nam pàrant bith-eòlasach don euslainteach òg, ach air a bheil uallach pàrant agus a tha cunntachail airson an cùraim agus an togail.

Proifeasantach Cùram-slàinte Buntainneach – neach-obrach clionaigeach anns an ospadal frithealaidh.

Bràthair/piuthar – bràthair no piuthar euslainteach òg. Tha leas-bhràithrean/pheathraichean cuideachd air an gabhail a-steach sa mhìneachadh seo.

3. Ro-ràdh

Tha a' Mhaoin Teaghlaich Euslainteach Òga (leudachadh air a' Mhaoin Chosgaisean Ùr-bhreith a bh' ann roimhe) air a dhealbhadh gus taic a thoirt do phàrantan/prìomh luchd-cùraim, agus clann eile aca fo aois 18 a tha nan cois, leis na cosgaisean co-cheangailte ri tadhal air euslainteach òg fo aois 18 san ospadal.

4. Prionnsapalan

Thèid na prionnsapalan a leanas a chur an sàs nuair a thathar a' pàigheadh iarrtas chosgaisean.

a) Tha a' Mhaoin Teaghlaich Euslainteach Òga air a dhealbhadh gus cuideachadh le cosgais tadhal air euslainteach òg a' faighinn cùram euslainteach san ospadal ach dh'fhaodadh nach pàigh i a' chosgais gu lèir airson siubhal, bith-beò agus/no àite-fuirich.

b) Faodaidh pàrantan/prìomh luchd-cùraim agus bràithrean/peathraichean fo aois 18 den euslainteach òg iarrtas a dhèanamh fon mhaoin.

c) Tha 'cùram ospadail a-staigh' a' toirt iomradh air pàiste no neach òg suas gu aois 18 a thèid a-steach do leabaidh fo chùram luchd-obrach ann an ospadal (aon chuid roghnach no mar chùis èiginn) agus: a' fuireach fad oidhche ge bith dè an t-adhbhar; no ris a bheil dùil gum fuirich iad tron oidhche ach gun tèid an leigeil a-mach nas tràithe.

d) Faodar iarrtas a chur a-steach mean air mhean fhad 's a tha euslainteach san ospadal (me gach seachdain) no gu h-iomlan airson na h-ùine gu lèir, nuair a gheibh an t-euslaintich a-mach às an ospadal far a bheil iad a' faighinn leigheas.

e) Thathas an dùil gun cleachd luchd-iarrtais an dòigh còmhhdhail as èifeachdaiche a thaobh cosgais agus as reusanta, a' toirt aire do chosgais iomlan an turais.

f) Tha am breithneachadh deireannach air an dòigh siubhail as reusanta an urra ris a' Bhòrd NHS anns a bheil am pàiste euslainteach a' faighinn cùram. Tha e an urra ris an neach-iarrtais dèanamh cinnteach ro làimh ma tha iad teagmhach.

g) Tha Bùird NHS a' gleidheadh na còrach siubhail agus/no àiteachan-fuirich a chlàradh ro-làimh do luchd-tadhail airidh. Ann an leithid de chùis, chan urrainn do luchd-tadhail airidh siubhal agus/no àite-fuirich a chlàradh iad fhèin.

h) Chan urrainnear ach fìor chosgaisean iarraidh. Is e foill a th' ann a bhith ag iarraidh chosgaisean nach deach a chaitheamh, agus thèid ceumannan a ghabhail an aghaidh neach sam bith a chuireas a-steach iarrtasan meallta.

i) Bu chòir cuidhteasan a' sealltainn caiteachas mionaideach a chumail agus a thaisbeanadh airson còmhhdhail phoblach, àite-fuirich (far nach deach òrdachadh agus a pàigheadh ro-làimh leis an ospadal) agus pàirceadh. Chan eil feum air cuidhteasan airson bith-beò.

5. Cò a dh'fhaodas cosgaisean iarraidh

Faodaidh na leanas cosgaisean iarraidh:

- Pàrantan/luchd-cùraim agus/no bràithrean/peathraichean (fo aois 18) euslainteach òg a tha a' faighinn cùram ospadail ann an Alba. Feumaidh gach neach-iarrtais a bhith a' còmhnaidh gu h-àbhaisteach ann an Alba.

6. Cò nach fhaod cosgaisean iarraidh

Chan fhaod na leanas cosgaisean iarraidh:

- Luchd-tadhail nach eil nam pàrantan/prìomh luchd-cùraim no bràithrean/peathraichean (fo aois 18) euslainteach òg.
- Neach sam bith a bhios an cois neach fo aois 18 gus cùram euslainteach a-muigh fhaighinn.
- Neach sam bith nach eil gu h-àbhaisteach a' còmhnaidh ann an Alba.
- Neach sam bith a tha airson cosgaisean fhaighinn air ais a phàigh iad ro 26 Iuchar 2021 (Nòta: is dòcha gum bi e comasach dha pàrantan chloinne a bha a' faighinn cùram ùr-bhreith ro 26 Iuchar fhathast iarrtasan iar-sheallaidh a dhèanamh fon Mhaoin Cosgaisean Ùr-bhreith a bh' ann roimhe).

7. Dè na Cosgaisean a Dh'fhaodte Iarraidh

7.1 Còmhdhail

Thathas an dùil gun cleachd luchd-iarrtais na dòighean còmhdhail as èifeachdaiche a thaobh cosgais agus as reusanta.

Thèid tabhartasan mu choinneamh cosgais connaidh a phàigheadh air ais aig an reat mhiltean àbhaisteach* gach mìle airson suas ri aon turas càir dà-shlighe gach latha airson gach neach-iarrtais, nuair a bhios iad a' siubhal chun ospadal leotha fhèin air an aon latha agus bràithrean/peathraichean suas gu aois 18 a tha nan cois. Ma bhios a h-uile neach-iarrtais a' siubhal còmhla, cha bu chòir ach cosgais aon turas dà-shlighe iarraidh.

[NO]

Faodar cosgaisean còmhdhail phoblaich a phàigheadh air ais gu h-iomlan airson suas ri aon turas dà-shlighe gach latha nuair a thèid cuidhteasan a shealltainn. Chan fhaighear ach siubhal clas àbhaisteach air ais.

*Tha an reat ath-phàighidh stèidhichte air Ìre Comhairleachaidh Connaidh HMRC.

Gheibhear seo aig: <https://www.gov.uk/government/publications/advisory-fuel-rates>. Bidh an ìre ath-phàighidh airson gach bliadhna ionmhais air a dhearbhadh leis an ìre connaidh comhairleachaidh bho 1 Màrt gach bliadhna airson na bliadhna ri teachd. Faodaidh na reataichean a dhol sìos cho math ri suas.

7.2 Pàirceadh

Faodar cosgaisean pàirceadh càir fhaighinn air ais gu h-iomlan nuair a thèid cuidhteasan a shealltainn.

Ann an cuid de Bhùird NHS faodar saoradh fhaighinn bho chosgaisean pàircidh. Innsidh luchd-obrach a bheil saoradh ri fhaighinn no am bu chòir do luchd-tadhail airidh iarrtas a dhèanamh airson ath-phàigheadh.

7.3 Faraidhean Tagsaidh

Cha tèid beachdachadh air siubhal tagsaidh ach ann an cuid de shuidheachaidhean me mura h-eil còmhdhail phoblach ri fhaighinn no a rèir suidheachadh meidigeach neach-tadhail. Feumaidh siubhal tagsaidh a bhith air aontachadh le luchd-obrach clionaigeach ron turas. Far a bheil e ceadaichte, thèid siubhal tagsaidh a phàigheadh air ais gu h-iomlan nuair a chuirear a-steach cuidhteasan airson aon turas dà-shlighe gach latha.

7.4 Siubhal Adhair

Cha bu chòir beachdachadh air siubhal adhair ach nuair a tha e nas saoire na dòighean còmhdhail eile no far nach eil dòighean còmhdhail eile reusanta (me siubhal eadar eilean agus tìr-mòr). Feumaidh tursan adhair a bhith air an aontachadh le Bòrd NHS ro shiubhal. Tha tursan adhair ceadaichte air an cuingealachadh ri suas ri aon turas dà-shlighe air plèana gach seachdain airson gach neach-tadhail airidh.

7.5 Biadh agus Bith-beò

Faodar iarrtasan airson biadh a dhèanamh air aon de na dòighean a leanas:

- Thèid tabhartas suas gu £8.50 gach latha gach neach-tadhail airidh airson biadh agus deoch seach deoch làidir a thoirt seachad. Faodar seo a cheannach taobh a-muigh àrainn an ospadail. Chan fheumar cuidhteasan sam bith airson cosgaisean bìdh fhaighinn air ais ach, chan fhaod luchd-iarrtais ach iarrtasan a chur a-steach airson an fhìor chaitheamh air biadh agus deoch, seach deoch làidir, far a bheil cosgaisean nas ìsle na £8.50 gach latha. Mar eisimpleir, ma chosgas neach-iarrtais £5.50 air biadh cha bu chòir dhaibh ach £5.50 iarraidh agus chan e £8.50.

[no]

- Dh'fhaodadh an t-ospadal biadh a thoirt seachad gu dìreach an-asgaidh (me biadh luchd-obrach no biadh euslaintich) suas gu trì biadhan san latha aig a' char as àirde.

[no]

- Dh'fhaodadh gum biodh bileagan-bìdh no eàrlasan air an toirt gu dìreach do luchd-tadhail airidh airson an cleachdadh ann an ionad-bìdh ospadail no a leithid.

Thèid barrachd fiosrachaidh mun t-solar san ospadal agad a thoirt seachad gu h-ionadail. Chan fhaod luchd-tadhail airidh iarrtas a dhèanamh airson cosgais bìdh ma tha an t-ospadal a' toirt seachad biadh an-asgaidh no bileagan bìdh. Ach, ann an suidheachaidhean far an urrainn don ospadal ath-phàigheadh airgid a thoirt seachad airson biadh no biadh ospadail an-asgaidh, faodaidh luchd-tadhail airidh co-dhùnadh dè an roghainn as fheàrr leotha.

7.6 Àite-fuirich

Dh'fhaodadh gum bi àite-fuirich aig bùird NHS do luchd-iarrtais agus bu chòir seo fheuchainn sa chiad dol a-mach. Ann an suidheachadh **fior shònraichte** far nach eil àite-fuirich ri fhaighinn san ospadal, thèid tabhartas a dh'ionnsaigh cosgaisean reusanta àite-fuirich a phàigheadh air ais. Bu chòir seo a chur air dòigh, ma ghabhas e dèanamh, leis a' Bhòrd Slàinte ro làimh. Tha reusanta air a mhìneachadh mar an t-àite-fuirich as èifeachdaiche a thaobh cosgais a tha ri fhaighinn.

8. Dè na cosgaisean nach urrainnear iarraidh

Chan urrainnear na leanas iarraidh bhon Mhaoin:

- a) Call cosnaidh.
- b) Càin pàircidh.
- c) Cosgaisean cùram-chloinne.
- d) Mál càir.
- e) Cosgaisean luchd-tadhail seach an fheadhainn a tha air an còmhdach leis a' mhaoin.
- f) Cosgaisean airson coinneamhan euslainteach a-muigh.
- g) Deoch làidir.
- h) Cosgaisean ùr-bhreith a thàinig orra ro 1 Giblean 2018.
- i) Siubhail, àite-fuirich agus/no bith-beò co-cheangailte ri bhith a' tadhal air euslaintich òga san ospadal ro 26 Iuchar 2021 agus stèidheachadh na maoine seo. (Chan eil an t-às-dùnadh seo a' buntainn ri pàrantan agus luchd-cùraim naoidhein a bha a' faighinn cùram ùr-bhreith ro 26 Iuchar 2021. Dh'fhaodadh na daoine sin fhathast cosgaisean ceadaichte suas gu 26 Iuchar 2021 iarraidh tron Mhaoin Chosgaisean Ùr-bhreith).

9. Suidheachaidhean Fìor Shònraichte

9.1 Càraid agus ioma-breith

A thaobh càraid no ioma-breith ann an cùram ùr-bhreith no leigheas chloinne, far a bheil iad suidhichte san aon ospadal, faodaidh luchd-iarrtais an aon iarrtas a dhèanamh gach latha fo na h-aon chumhachan ri aon naoidhean, pàiste no neach òg. Bu chòir am foirm iarrtais a lìonadh le mion-fhiosrachadh nan naoidhean, cloinne no daoine òga agus bu chòir a shoighneadh le luchd-obrach an ospadail.

Ma tha càraid no iomadan suidhichte ann an diofar ospadalan faodar aon iarrtas a dhèanamh airson gach naoidhean, pàiste no neach òg agus bu chòir foirm a lìonadh agus a shoighneadh le gach aonad/uàrd airson cùram gach naoidhean, pàiste no neach òg.

9.2 Bàs

Ma tha naoidhean, pàiste no euslainteach òg a' bàsachadh mus tèid an leigeil a-mach às an ospadal, faodaidh tu fhathast iarrtas a dhèanamh airson chosgaisean a thàinig ort san ùine a chuir thu seachad còmhla riutha. Chan urrainn dhut iarrtas a dhèanamh airson cosgaisean sam bith a thig ort às dèidh don euslainteach òg a bhith air a ghluasad don mharbh-lann, stiùiriche tiodhlacaidh no gu dachaigh an teaghlach.

10. A' cur a-steach iarrtas

Feumar iarrtasan a chur do Bhòrd an NHS far a bheil an t-euslainteach òg a' faighinn cùram. Ma thèid an t-euslainteach òg a ghluasad rè leigheas, bu chòir iarrtasan fa leth a dhèanamh airson gach ùine cùraim anns gach ospadal agus a shoighneadh le luchd-obrach buntainneach gach ospadail.

Mar eisimpleir: Ma tha do phàiste a' faighinn cùram ann an ospadal ann an Glaschu, bu chòir don phroifeasantach slàinte san uàrd ann an NHS Mòr Ghlaschu is Chluaidh foirm iarrtais a shoighneadh agus an uair sin am foirm a thilleadh gu sgioba-airgid NHS Mòr Ghlaschu is Chluaidh. Ma thèid am pàiste a ghluasad an uair sin gu ospadal ann an NHS Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh, bu chòir iarrtasan a bhith air an soighneadh leis an uàrd sin agus a chur gu NHS Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh.

10.1 Foirmean iarrtais

Gheibhear foirmean iarrtais YPFF(1) bho uàrdan agus/no oifisean-airgid. Ma tha luchd-iarrtais ag iarraidh lethbhreac pàipeir de dh'fhoirmean iarrtais, bu chòir dhaibh faighneachd, sa chiad dol a-mach, do luchd-obrach an ospadail càite am faigh iad fear. Bu chòir am foirm a lìonadh le (no às leth) neach-iarrtais an euslaintich òig airidh agus bu chòir a shoighneadh agus a dhearbhadh mar a tha ga mhìneachadh air an fhoirm. Tha seo a' toirt a-steach teisteanachadh bho phroifeasantach slàinte iomchaidh. Tha seo a' gabhail a-steach (ach gun a bhith cuibhrichte gu) dotairean chloinne ùr-bhreith, banaltraman chloinne ùr-bhreith, dotairean-chloinne, no proifeasantach slàinte eile le uallach airson cùram a' phàiste.

10.2 Dearbhadh air Còir

Anns a h-uile cùis far a bheilear ag iarraidh chosgaisean feumaidh fios a bhith air Foirm YPFF(1) mu latha (laithean) inntigidh an euslaintich òig don ospadal, uàrd, agus dearbhadh air a shoighneadh le proifeasantach slàinte (mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd) gu bheil/robh an t-euslainteach òg a' fuireach air an uàrd rè ùine an iarrtais. Mura h-eil foirmean air an soighneadh leis a' phroifeasantach cùram-slàinte iomchaidh agus/no nach eil fiosrachadh iomlan annta dh'fhaodadh dàil a chur air pàigheadh iarrtasan no dh'fhaodadh an diùltadh.

10.3 Amharas mu Iarrtas Meallta

Ann an cùisean far a bheil e coltach gu bheil neach-iarrtais air iarrtas a dhèanamh a dh'aona ghnathach airson taic le cosgaisean air nach eil còir aca thèid a' chùis a chur gu Seirbheisean An-aghaidh Foill. Dh'fhaodadh luchd-airgid diùltadh cosgaisean a phàigheadh ann an airgead gus an tèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh ma tha iad an amharas gu bheil an t-iarrtas meallta. Bidh seo ag adhbharachadh dàil air pàigheadh cosgaisean an neach-iarrtais.

10.4 Iarrtasan Iar-sheallaidh

Feumar iarrtas a chur a-steach taobh a-staigh trì mìosan bho gheibh an t-euslainteach òg a-mach às an ospadal. Cha tèid beachdachadh air iarrtas airson ath-phàigheadh taobh a-muigh na h-ùine seo ach ann an suidheachaidhean fìor shònraichte. Bu chòir do luchd-obrach iomchaidh foirmean a shoighneadh mus faigh an t-euslainteach a-mach às an ospadal. Bu chòir suidheachaidhean fìor shònraichte a chur a-steach ann an sgrìobhadh chun sgioba iarrtais airson beachdachadh.

11. Ceistean agus Gearanan

Ma tha ceist no gearan agad, bu chòir seo a chur chun an Neach-ionmhais san ospadal far a bheilear a' dèanamh an iarrtais no chun sgioba-ionmhais iomchaidh.



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2022

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltais Fosgailte v3.0 ach far a bheil an caochladh air a ràdh. Airson sealltainn ris a' chead seo, tadhail air nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 no sgrìobh don Sgioba Fiosrachadh Poileasaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bhon fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig www.gov.scot

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80201-508-9 (air-loidhne a-mhàin)

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Am Màrt 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
978-1-80201-508-9 (03/22)

W W W . g o v . s c o t